

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

E.G. Ravenstein agus A' Ghàidhlig (1)

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,228. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 924 corresponds to Litir 1,228. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Tha mi airson innse dhuibh mu rannsachadh a rinn E.G. Ravenstein anns an naoidheamh linn deug. Ernst Georg Ravenstein, a rugadh anns a' Ghearmailt ann an ochd ceud deug, trithead 's a ceithir (1834). Ged as e Gearmailteach a bh' ann, chuir e seachad a' chuid a bu mhotha de a bheatha phroifeiseanta ann an Sasainn.

Bha Ravenstein na chairt-iùiliche agus dh'fhàs e rudeigin ainmeil. Bha e na bhall de chomhairlean-stiùiridh a' Chomainn Rìoghail Statastaigeil agus a' Chomainn Rìoghail Chruinn-eòlaich. Agus 's e a rinn na dealbhan agus figearan airson *Philip's World Atlas* fad ùine mhòr.

Carson a tha mi ag innse dhuibh mu E.G. Ravenstein anns an Litir? Uill, rinn e rannsachadh air na cànanan Ceilteach. Agus dh'fhoillsich e pàipear airson a' Chomainn Rìoghail Statastaigeil ann an ochd ceud deug, seachdad 's a naoi (1879) anns an robh fiosrachadh priseil mu Ghàidhlig na h-Alba.

Anns an ro-ràdh aige, tha Ravenstein ag ràdh nach robh, aig an ìre sin, an cunntas-sluaigh nàiseanta a' faighneachd ceist mu labhairt na Cuimris no na Gàidhlig. Agus dìreach dà bhliadhna an dèidh do Ravenstein a phàipear a libhrigeadh, bha ceist anns a' chunntas-sluaigh mu dheidhinn na Gàidhlig airson a' chiad turais.

Ciamar a chruinnich Ravenstein am fiosrachadh a chuir e ann an clò? Uill, chuir e-mach mìle is dà cheud litir, eadar Alba is a' Chuimrigh, gu daoine aig am biodh fios air staid a' chànan anns an nàbachd aca. Fhuair e freagairtean don dàrna cuid dhiubh. Gu sònraichte, b' iad na daoine sin luchd-clàraidh breithe, pearsaichean-eaglais agus maighstirean-sgoile. Ach, a bharrachd air sin, chuir Ravenstein litrichean gu 'daoin-uaisle' **aig am biodh fios agus ùidh anns a' chuspair.**

Bha duilgheadas aige fios fhaighinn air ais bho chuid de choimhearsnachdan. Anns na cùisean sin, chuir e fios gu prìomh òstair an àite. Dh'aidich Ravenstein gur dòcha nach d' fhuair e an fhìrinn ghlan mu staid na Gàidhlig anns a h-uile àite ach, anns an fharsaingeachd, gun robh a cho-dhùnaidhean faisg air an fhìrinn.

Tha ceist agam dhuibh. Saoil dè an t-siorrachd ann an Alba as làidire a bh' ann a thaobh na Gàidhlig ann an ochd ceud deug, seachdad 's a naoi (1879)? Tha mi a' ciallachadh le sin – dè an t-siorrachd anns an robh **an ceudad a bu mhotha aig an robh Gàidhlig?** Bheir mi am fuasgladh dhuibh aig deireadh na Litreach.

Thomhais Ravenstein àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba aig trì cheud 's a h-aon mìle (301,000). Bha dà cheud, seasgad 's a seachd mìle (267,000) a' fuireach air a' Ghàidhealtachd agus trithead 's a ceithir mìle (34,000) air a' Ghalltachd. Thairis air an dàrna leth de dh'Alba air fad – a rèir meud na tìre – bha Gàidhlig aig a' mhòr-chuid dhen t-sluagh. Ach bha sin a' riochdachadh dìreach ochd às a' cheud de mhuinntir na h-Alba.

Agus air ais don cheist mun t-siorrachd a bu Ghàidhealaiche a bh' ann ann an ochd ceud deug, seachdad 's a naoi (1879). Seo agaibh na ceithir siorrachdan as àirde agus an ceudad de dhaoine aig an robh Gàidhlig annta. Ros is Crombaidh 76.9; Earra-Ghàidheal 81.8; Inbhir Nis 83.3 agus Cataibh 89.6. Seadh, b' e Cataibh an t-siorrachd a bu Ghàidhealaiche. Smaoinichibh!

* * * * *

Faclan na Litreach: cairt-iùiliche: *cartographer*; ro-ràdh: *foreword*; òstair: *publican, inkeeper*; siorrachd: *county*; thomhais: *estimated*.

Abairtean na Litreach: a rugadh anns a' Ghearmailt: *who was born in Germany*; ged as e Gearmailteach a bh' ann: *although he was a German*; chuir e seachad a' chuid a bu mhotha de a bheatha phroifeiseanta ann an Sasainn: *he spent most of his professional life in England*; dh'fhàs e rudeigin ainmeil: *he became quite well-known*; rannsachadh air na cànanan Ceilteach: *research on the Celtic languages*; dh'fhoillsich e pàipear airson a' Chomainn Rìoghail Statastaigeil: *he published a paper for the Royal Statistical Society*; gu daoine aig am biodh fios air staid a' chànain anns an nàbacht aca: *to people who would know about the state of the language in their area*; fhuair e freagairtean don dàrna cuid dhiubh: *he received replies to half of them*; luchd-clàraidh breithe, pearsaichean-eaglais agus maighstirean-sgoile: *birth registrars, church officials and schoolmasters*; gun robh a cho-dhùnaidhean faisg air an fhìrinn: *that his decisions were close to the truth*; thairis air an dàrna leth de dh'Alba air fad: *across half of Scotland*; a rèir meud na tìre: *according to the land area*; bha Gàidhlig aig a' mhòr-chuid dhen t-sluagh: *a majority of the people were Gaelic-speakers*; bha sin a' riochdachadh dìreach ochd às a' cheud de mhuinntir na h-Alba: *that was representing only eight per cent of the population of Scotland*.

Puing-chànain na Litreach: dè an t-siorrachd anns an robh an ceudad a bu mhotha aig an robh Gàidhlig?: *what county had the highest percentage of Gaelic speakers? Remember that, if we are translating 'Gaelic speakers' or 'numbers who speak Gaelic' that we don't use a verb for 'speaking', because what we are measuring is those who can speak Gaelic (an fheadhainn aig a bheil Gàidhlig). The exception would be if we were discussing people actually speaking the language on a particular occasion.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: aig am biodh fios agus ùidh anns a' chuspair: *who would be knowledgeable and interested in the subject.*

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA